

# An t-Uisge

Cluinn e bualadh air an uinneig  
cluinn e sruthadh anns a' phìob,  
cluinn e bragail air na clachan  
's a' cur uisge dhan an dìg.

Nuair a thèid mi mach sa mhadainn  
bidh a' ghrian a' deàrrsadh nuas,  
air mo chùlaibh bogha-froise  
sin far bheil na dathan brèagha.

Ach dè idir dhèanadh sinne  
nan tiormaicheadh an t-uisge suas,  
chan fhàsadh flùran air a' mhachair  
no am pòr an talamh chruaidh.

Cha bhiodh agadsa no agams'  
biadh ri itheadh, 's deoch ri òl;  
cha bhiodh iasgan anns an linne  
cha bhiodh bradan anns an lòn.